

Gu leòr ri leughadh dhan a h-uile h-aois

RAGHNALL MacIlleDHUIBH
LEABHRAICHEAN ÙRA

THA Beatrix Potter, *Sgeulachd Pheadair Rabaid* (£5.99) agus *Sgeulachd Bheniamin Coineanach* (£5.99), eadar-theangaichte le Seumas Ruairidh MacDhòmhnaill, beag, grinn, agus iomchaidh do chloinn aois 2-10.

Bha fèill air sgeulachdan Potter riamh o thòisich iad a' tighinn amach an 1902. Bha eòlas mionaideach aice air dòighean dùthchail 's air obair na talmhainn, bha na dealbhan aice tarraingeach agus na facail air gach duilleig mu'n coinnimh beòthail ach simplidh.

Mar chanas Màiread Bennett ann an roimh-ràdh ri *Sgeulachd Pheadair Rabaid* (a' chiad fhear a sgrìobh Potter), tha co-cheangal de sheòrsa eadar an t-ùghdar 's a' Ghàidhlig cuideachd. Gach samhradh eadar 1871 's 1881 bha Taigh Dail Ghiuthais faisg air Dùn Chaillean air mhàl aig a h-athair. Bha gaol aice riamh do bheanntan Siorrachd Pheairt agus chan iongnadh ged tha an gàirnealair "Maighstir MacGriogair" agus an t-seann bhonaid ghorm aige (a bhios Beniamin a' goid) a' riochdachadh cumhachd faoin a' chinne dhaonna san dà leabhar seo!

Gheibh sibh iad o Ghrace Note Publications, Grange of Locher-lour, Ochertyre, Perthshire, PH7 4JS, fón 01764 655 979.

"CHA robh mi riamh am beachd gun robh sinn beartach ach bha sporan aig Mam le timcheall air fichead cairt phlastaig ann. Agus ma tha cairtean agad, tha airgead agad, nach eil?"

Ceàrr, a ghaoil. Chan eil dad coltach ri Staing Creidis mar an té anns a bheil sinn uile a-nis gu foghlam airgid a thoirt seachad.



Dòmhnall MacPhàil, neo MacPhàic, agus Anna Latharna NicGilliosa: eadar an dìthist aca agus Caoimhean Bree rinn iad leabhar air leth brèagha mu Eilean Bheàrnaraigh

Na daoine a chuir *Leis an Airgead* ri chéile, feumaidh gum fac' iadsana' tighinn i ged nach fhaca na bancaichean fhéin!

Ceithir sgeulachdan mu airgead – a thogail, a dhèanamh, a chaomhnadh, agus seadh, dé fon ghréin a tha ri dhèanamh nuair theirgeas e, can ma chailleas d' athair obair. Tha iad iomchaidh do chlasaichean àrda bunsgoile, 's nach iad a tha math. Chaidh an eadar-theangachadh on Bheurla, ach rinn an t-eadar-theangair gun ainm obair mhath de theàrmachan mar *free trade* agus *risk assessment*. Agus an rud as freagarraiche air fad air an Nollaig sa – tha an leabhar saor 's an-asgaidh!

Se Learning Teaching Scotland a tha ga chura-mach. Chan eil agad ach emeiladh gu k.ferguson@LTScotland.org.uk no fònadh chun a' Scottish Book Trust air 0131 524 0168 a dh'arraidh copaidh.

SE *Scottish Poems*, deasaichte le Gerard Carruthers (£9.99) an leabhar as ùire de "Pocket Poets" san t-sreath ainmeil Ameireaganach Everyman's Library, a tha air a bhith a' tionndadh a-mach clasaigean an t-saoghail ann am Beurla aig prìs reusanta fad ceud bliadhna. Còrdaidh e ri duine sam bith a tha déidheil air bàrdachd a lorg 'na stòcainn.

Chaidh seachd às na 73 dàin a

thoirt on Ghàidhlig, 's tha e inntinneach faicinn dé tha aon strainsair a' cur os cionn a' chòrr anns a' chànan againne. Tha *Crois Chrìosta* le Muirion (ab I) ann, *Gleann Gallaidh* aig Rob Donn, piosan de *Mholadh Beinn Dòbhrain* aig Donnchadh Bàn 's de dh'Oran a' *Gheamhraidh* aig mac Mhgr Alastair, *Si Moire Tha Truagh* aig Mgr Ailein Dòmhnallach, *Hallaig* aig Somhairle agus *Do Bheithe Bòidheach* aig Mac Iain Deòrsa. Seach gur e àm Nollaig a th' ann, seo pàirt de *Si Moire Tha Truagh* anns a' chànan san d'rinneadh e.

*Si Moire tha truagh
Ag amharc a luaidh –
Mac Athair nam Buadh,
Rìgh Ainglean an t-Sluaigh –
'S e laithie le fuachd
Gun fhàrdach ach uamh,
Gun ghoireas gun tuar,*

*Gun bhlàths ri an-uair,
Gun chadal gun suain,
'S a leaba cho cruaidh
'S a' chonnalach fo chluais.*

LEABHAR sgoineil a thàinig amach ann an deagh àm air son na stòcainn ud se *Coille an Fhàsaich: The Gaelic Songs and Poems of Donald Mackillop* (Brìgh, 33 Stewarton Rd, Dunlop, Siorrachd Àir, KA3 4DQ, £12.99). Tha e cho math 's nach meantraig mi a ràdh gu bheil e 'na eisimpleir bu chòir a leantainn – eagal gun smaointich daoine' eile aig a bheil cnap de bhàrdachd mhath Ghàidhlig gu bheil feum acasan cuideachd air sàr obair chamara, clò-bhualadh dathte, pàipear gleansach, teip-recòrdair air son cuimhneachain a' bhàird, breacadh de dhealbhan eachdraidheil, notaichean léirsineach, eadar-theangachaidhean sgileil, dealbhadh cruthachail, 's



Freumhan Gàidhlig? Beniamin agus an gàirnealair Griogarach

ceòl sgrìobhte. Mura robh ann ach dhà na trì de na rudan sin, bhiodh e fhathast 'na leabhar math!

A thaobh na bàrdachd fhéin, tha a h-uile seòrs' ann eadar seann nòs agus nòs ùr. Tha MacPhilip – neo MacPhàic, ma bheirear ainm ceart Gàidhlig dha – a' cumail an dà chuid smuaint agus dibhearsain ruinn. Còrdaidh *An Gràmadaiche* ri neach ionnsachaidh: "Chaidh mi chun an dotair / Le subjunctive mood nam cheann, / Is thuir e rium, accusative, / 'Do chuire fhèin a th' ann ..."

Tha leabhraichean mòra bòidheach ann mu eileanan, 's leabhraichean beaga bàrdachd. Le *Coille an Fhàsaich*, chuir an luchd deas-

achaidh an dà sheòrsa còmhla gu gu bheil a-nis a' bhàrdachd aig MacPhilip aig cridhe leabhar mu eilean a bhreith 's àraich, Beàrnaraigh na Hearadh. Tha an leabhar cuideachd 'na cholmadh a thaobh mar a tha e a' riochdachadh sgilean trìùir: am bàrd fhéin, a rugadh ann an 1926; Anna Latharna NicGilliosa, a tha 'na seinneadair 's 'na sgoilear Gàidhlig; agus Caoimhean Bree, an duin' aice, a thog cuid de na dealbhan agus a chuir an leabhar ri chéile.

AN do leugh thu John Wilson, *Tales and Travels of a School Inspector* (Acair, £10.99)? Tha mi air leth toilichte gun tug Acair amach a-rithist e oir tha e làn eòlais agus gliocas mu chor nan eileanan (Leòdhas, gu sònraichte) 's mun Ghàidhlig san 40 bliadhna eadar Achd an Fhoghlam agus a' Chiad Chogadh. Ach se na sgeulachdan aige as fheàrr air fad. Seall mar a nochd e aig sgoil gun ainm. "The door was in the gable, and about a yard in front of it was a wreath [snowdrift] about ten feet high, on the brink of which I at last found myself. Losing my balance, I slid down its slope, and, bursting open the door, came sprawling into the schoolroom on all fours in a smother of snow. I often wonder if ever an Inspector entered a school in such an undignified manner."